
Gallego

Davvisámegiella

Euskera

Kernewek

Gàidhlig

Scots

Cuairt-litir IndyLan: Faoilleach 2022



IndyLan

Co-funded by the
Erasmus+ Programme
of the European Union



Fàilte dhan còigeamh cuairt-litir againn mu ar pròiseact Erasmus+ [Ionnsachadh So-ghiùlan do Chànanan Dùthchasail \(IndyLan\)](#).

Tha a' pròiseact 26 mìosan a dh'fhaid (2019-2021) air a stiùireadh le [Oilthigh Heriot-Watt](#). 'S i [Dr Katerina Strani](#) an Co-òrdanaiche.

Tha 5 pàirtèaran an sàs ann an [IndyLan](#) bho 4 dùthchannan (RA, Fionnlainn, Nirribhidh agus An Spàinn):

- [Oilthigh Heriot-Watt](#), RA (Co-òrdanaiche)
- [Comhairle na Còrne](#), RA
- [Prìomh Oifis Comhairle na Sàmi](#), Nirribhidh
- [Learnmera Oy](#), Fionnlainn
- [Asociación Moviéndote por la Integración y la Participación Ciudadana](#), An Spàinn

Tha pròiseact [IndyLan](#) a’ leasachadh app so-ghluasad a chuidicheas luchd-labhairt na Beurla, Spàinntis, Nirribhidhis, Suainis agus Fionnlannais gus **Gàidhlig, Albais, Còrnais, Basgais, Gailis** agus **Sàmais** ionnsachadh. [Tha iad uile ann an cunnart aig diofair ìrean](#). Leasachaidh a’ phròiseact chan e a-mhàin goireas ionnsachaidh labhairt cànanan ann an cunnart ach cuideachd fiosrachadh mu dheidhinn luchd-labhairt na cànanan.

Tha mu 4,000 pìosan briathrachais ann an [IndyLan](#) (an dà chuid faclan is abairtean) ann am mu 100 roinn-seòrsa. ’S iad na modhan anns an aplacaid: Briathrachas; Abairtean; Còmhraidhean; Gràmar; Tuigse Cluasach; Cultar.

’S e ar n-amas gun cuidich [IndyLan](#) ath-bheothachadh cànanan ann an cunnart gus am mair na cànanan beò agus freagairt air an latha an-diugh ann an co-theacsa sòisealaich agus eaconamaich.

[Seo ceangal iOS an app](#)

[Seo ceangal Android / Google Play an app](#)

Naidheachdan agus Fios às ùr

Tha an ùine fo dheuchainn – Mach-chur Innleachdail 3 – a-nis deiseil. Tapadh le a h-uile duine a fhreagair ar ceistean is a thug seachad beachdan! Rinn sinn atharrachaidhean air an app is cheartaich sinn bugaichean: mar sin thug na beachdan agaibh buaidh.

Tha aithisg IO3 a-nis air fhoillseachadh [air ar làrach-lìn](#).

Tha duilleag air [Cànanan agus Sluaghan](#) app IndyLan, le bhidiothan is goireasan. Gheibhear cuideachd naidheachdan is ùrachaidhean a bharrachd air liosta [mach-churan](#).

Cuimhnich gun urrainn dhut beachdan air an app a thoirt dhuinn tron App Store / Google Play no cuir fios thugainn tro info@indylan.eu

Sgaoileadh agus Tachartasan

Bidh tachartasan cuir air bhog ann an Alba, A’ Chòrn, An Spàinn, Sàpmi (Nirribhidh) agus Fionnlainn.

Alba (a h-uile tachartas air loidhne)

- 14^{mh} Faoilleach: Cuir air bhog stuth Gàidhlig – 4f Dihaoine 14mh Faoilleach. *Gàidhlig a-mhàin*. [Clàraich an seo](#).
- 21^d Faoilleach: Cuir air bhog Gàidhlig agus Albais, + òrain. [Tuilleadh fiosrachaidh agus clàraich an seo](#).

A' Chòrn

- 12^{na} Faoilleach: Cuir air bhog stuth Còrnais. Ionad Co-labhairt, Tuathanas Dupath. [Clàraich an seo](#).

Fionnlainn (air loidhne)

- 20^{mh} Faoilleach: Cuir air bhog app. [Clàraich an seo](#).

Nirribhidh

- 15^{mh} Faoilleach: Alta, Sápmi. Airson tuilleadh fiosrachaidh cuir fios gu saamicouncil@saamicouncil.net

An Spàinn

Tuilleadh fiosrachaidh a dh'aithghearr, [cùm sùil air ar làrach-lìn](#) no cuir fios gu asociacionmoviendote@gmail.com

Tachartas Sgaoilidh Mu Dheireadh



Bidh ar tachartas sgaoilidh mu dheireadh agus cuir air bhog oifigeil air loidhne Diardaoin 27^{mh} Faoilleach!

Bidh òran no rud eile a thaisbeanas a h-uile mion-chànan anns an app (Gàidhlig, Albais, Còrnais, Basgais, Gailisis agus Sàmais).

[Clàraich an seo air Eventbrite](#)

Bidh ar cuairt-litir mu dheireadh deiseil sa Ghearran 2022, cùmaibh sùil!

[Leugh barrachd mun pròiseact air ar làrach-lìn](#), ri fhaighinn ann an 11 cànan.

[Faigh an app air Android](#)

[Faigh an app air iOS](#)

Thoir sùil air na ceanglaichean cànan nar [LiveBinder](#) airson na cànan dùthchasach nar pròiseact.

Cuir fios thugainn

Cuiribh ceistean no beachdan thugainn: info@indylan.eu



Lean air **Twitter**: <https://twitter.com/IndylanP>



Lean air **Facebook**: <https://www.facebook.com/ProjectIndyLan>

